

Mbeas thu tiom na nith robh luachmhor
 Go peacach ullachadh chum na glòir,
 A dh'ullaich Iosa do'n dream a dh'iarres
 Gu dligeach, diles e mar 's coir;
 'S nach leig air diachuimhn a reachdan ciatach,
 Ach ni dhuidh sud a neart sa'n' treoir.
 Nuair bu dluith do chomhradh air nithebh feolmha
 Se blas na diadhachd bhidh air do chainnt;
 Bhidh i an ordugh robh mhaisich, gloirmhor,
 'S cha b'ann baoghalt', mar nach bidh cuimhn
 Aig t-inntinn dhiadhaidh gu robh Dia 'sna neamhan
 Sa leabhar cunntais fa chomhar a shuil,
 'S gach math 's olc air a sgriobheadh sios ann
 A rinneadh leis gach uile dhuil;
 Ach 'sann bhidh an comhnuidh do shuilean suas ris,
 'S t'inntinn scolleadh an aras Dhe',
 'S nuair bhidh tu comhra air nithebh talmhaidh,
 Bhidh tu gabhal fasgaidh am blas a sgei.

Be chrioich air son an do rinn thu saothar
 'S e fad do chuairt ann san t'saoghal thruagh:—
 Gach inneal 's cuilbheart a bha aig satan,
 Go bhi glachdadh sa mealleadh sluaigh,
 Bhristeadh sios, 's a chreach thoirt uaithe,
 Sa chuid chuilbheartan leigcadh ris,
 San dream bha n' cuibhrech a thoirt go saorsa
 San' gleidhedh tearant' o n' aingeal sgris
 'S tu cur an ceill mar bha luchd teagaisg breige
 Toirt mor aireamh don t'sluagh a thaobh:
 'Se sid a ni chuir thu tric a g'uirneadh,
 'Sa dh'fhag cho crata'ich do chridhe naomh—
 A cur an ceill dhoibh an cunnairt bh'ann dhoibh
 Nan eisdeadh iadsan ri guth an t'saoghail—
 A cur an ceill dhoibh ghloir robh shiorruidh
 A dh'ullaich Ioso dha mhuinnter gaoil.
 'Se ni eile bha gnath ga leonadh,—
 'Sa thug iomadh deur air a shuilen caomh,—
 Bhi faicinn mealldairen mealleadh threudan,
 'S ga'n deanabh fein nan daoine naomh;
 'Sa slighean fiar a toirt fiannis cinntich
 Nach b'ann o Dhia a bha iad a mach;